



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CANAN

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

MINUTE OF THE MEETING HELD IN THE COUNCIL CHAMBER, COUNCIL OFFICES, STORNOWAY ON MONDAY 3 DECEMBER 2018 AT 2.00 PM

PRESENT

Mr John A Maciver (Chairman)
Mr Alasdair Macleod (Vice Chairman)
Mr Finlay Cunningham
Mr Norman A Macdonald

APOLOGIES

Mr Uisdean Robertson

IN ATTENDANCE

Mr Malcolm Burr
Mrs Doileag Macleod
Mr Colin G Morrison
Ms Peigi A Scott
Mr Derek Mackay
Mrs Marion Macleod

MINUTES

- 1 The Minute of Meeting of 11 June 2018 was **approved**.
- 2 **Declaration of Interest**

There were no declarations of interest.

GAELIC LANGUAGE PLAN

- 3 Successful Applications to Bòrd na Gàidhlig's Gaelic Language Act Implementation Fund (GLAIF) 2018/19

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing the results of project applications for funding, prepared by Comhairle nan Eilean Siar, which were submitted to Bòrd na Gàidhlig in terms of GLAIF 2018/19, in April, 2018. The Report highlighted that four applications, submitted by the Comhairle, were successful in terms of GLAIF 2018/19 which were:

- Project 1: CnES / Colaisde a' Chaisteil – Ùlpan Gaelic Classes;
- Project 2: CnES – Greis Gniomhachais Oileanach nan Eilean Siar;
- Project 3: CnES - Preantasachd Cùram Chloinne; and
- Project 4: CnES - Dileab

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

GEÀRR-CHUNNTAS NA CHOINNEIMH A CHAIDH A CHUMAIL ANN AN SEÒMAR NA COMHAIRLE, OIFISEAN NA COMHAIRLE, STEÒRNABHAGH, AIR DILUAIN 3 DUBHLACHD 2018 AIG 2.00 F

AN LATHAIR

Mgr. Iain A MacIomhair (Cathraiche)
Mgr. Alasdair MacLeòid (Iar-chathraiche)
Mgr. Fionnlagh Coineagan
Mgr. Tormod A Dòmhnallach

LEISGEULAN

Mgr. Uisdean MacDhonnchaidh

AN LÀTHAIR

Mgr. Malcolm Burr
Bh-Ph Doileag NicLeòid
Mgr. Cailean G Moireasdan
Bh Peigi A Scott
Mgr. Derek MacAoidh
Bh-Ph Mòr NicLeòid

GEÀRR-CHUNNTASAN

- 1 Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 11 Ògmhios 2018

Clàradh Uidh

Cha deach ùidh sam bith a chlàradh.

PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG

- 3 Iarrtasan Soirbheachail gu Maoin Gniomh Achd na Gàidhlig (GLAIF) Bòrd na Gàidhlig 2018/19

Aithisg leis an Àrd Oifigear

Thugadh fainear Aithisg leis an Àrd-oifigear a' mìneachadh co-dhùnadh iarrtasan bho Chomhairle nan Eilean Siar gu Maoin GLAIF Bhòrd na Gàidhlig airson 2018/19 anns a Ghiblean 2018. Thug an Aithisg iomradh air ceithir iarrtasan bhon Chomhairle a bha soirbheachail a thaobh taic bho Mhaoin GLAIF 2018/19, 's iad sin:

- Pròiseact 1: CnES / Colaisde a' Chaisteil – Clasaichean Gàidhlig Ùlpan;
- Pròiseact 2: CnES – Sgeama Greis Gniomhachais nan Oileanach;
- Pròiseact 3: CnES - Preantasachd Cùram Chloinne; agus
- Pròiseact 4: CnES - Dileab



COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CANAN: 3 DECEMBER 2018

The total funding awarded for these Western Isles-based projects for 2018/19 was £71,000. The projects would contribute directly to the fulfilment of the three, core strategic objectives of the Comhairle's Gaelic Language Plan 2018-22, namely:

- Enhance the status of Gaelic;
- Promote the acquisition and learning of Gaelic, and;
- Encourage the increased use of Gaelic.

It was agreed to recommend that the Report be noted.

- 4 Applications to Sgioba na Gàidhlig's Small Gaelic Projects Fund, 2017/18

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which detailed the successful applications made for financial assistance to Sgioba na Gàidhlig's Small Gaelic Projects Fund in the last financial year, to 1 March, 2018. The Report stated that fourteen projects received funding totalling £31,772 from the Gaelic Small Projects Fund in the financial year 2017/18 in addition to the annual funding agreements with Fèisean nan Gàidheal, Ceòlas and Hebridean Celtic Festival, the Comhairle's contribution to the Sgeama Greis Gnìomhachais and the £2,500 which was set aside for Western Isles School Choirs attending the Royal National Mod when the Mod was on mainland Scotland. Members commented on the success of the National Secondary Schools Gaelic Debate.

It was agreed to recommend:

- (1) that the Report be noted; and
- (2) a Report be submitted to the next meeting of the Committee detailing the costs and potential public and private sector funders for the National Secondary Schools Gaelic Debate.

Chaidh maoinachadh de £71,000 a thabhadh air pròiseactan anns na h-Eileanan an Iar ann 2018/19. Bhiodh na pròiseactan a' coileanadh na trì phrìomh ro-innleachdan ann am Plana Cànan na Comhairle 2018-22:

- Inbhe na Gàidhlig a leasachadh;
- Ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart, agus;
- Cleachdadh meudaichte na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Chaidh aontachadh an Aithisg a thoirt fa-near.

- 4 Iarrtasan gu Maoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig Sgioba na Gàidhlig, 2017/18

Aithisg leis An Àrd Oifigear

Thugadh fainear Aithisg leis an Àrd-oifigear a' mìneachadh na h-iarrtasan soirbheachail gu Maoin Pròiseactan Beaga Gàidhlig anns a' bhliadhna ionmhais gu 1 Màirt 2018. Chaidh ainmeachadh san Aithisg gun d'fhuair ceithir-deug pròiseactan taic bhon mhaoin anns an t-suim gu h-iomlan de £31,772 anns a' bhliadhna ionmhais 2017/18, a thuilleadh air an taic bhliadhnail gu Fèisean nan Gàidheal, Ceòlas agus Fèis Cheilteach Innse Gall agus gu Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach. Tha cuideachd £2500 air a chur ma seach airson taic do chòisrean sgoiltean nan Eilean Siar a' frithealadh am Mòd Nàiseanta Rìoghail an uair a tha am Mòd air tìr-mòr na h-Alba. Thug Buill iomradh air cho soirbheachail sa tha Deasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Gàidhlig.

Chaidh aontachadh moladh:

- (1) an Aithisg a thoirt fainear; agus
- (2) gun tigeadh Aithisg fa chomhair an ath choinneamh den Chomataidh a' mìneachadh cosgais an Deasbaid agus a' coimhead ri maoinachadh bho bhuidhnean poblach is prìobhaideach airson Deasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Gàidhlig.

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CANAN: 3 DECEMBER 2018

- | | | | |
|---|--|---|---|
| 5 | Western Isles Gaelic Student Placement Scheme 2018: Review | 5 | Sgeama Greis Gnìomhachais Oileanach nan Eilean Siar 2018: Ath-Sgrùdadh |
| | Report by Chief Executive | | Aithisg leis An Àrd Oifigear |
| | <p>The Chief Executive submitted a Report which detailed the progress and outcomes of the Western Isles Gaelic Student Placement Scheme, 2018. The Report stated that during the Summer of 2018 twelve Western Isles-based students with Gaelic skills were placed with ten Gaelic organisations in the Western Isles for ten-week work placements. The students, who were all returning to full-time education in Autumn, 2018, were thus given the opportunity to practise, improve and learn Gaelic skills, and gain experience of a professional work environment.</p> | | <p>Thugadh fairear Aithisg leis an Àrd-oifigear a' mineachadh adhartas agus buaidh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach 2018. Chaidh ainmeachadh san Aithisg gun d'fhuair dusan oileanach le sgilean Gàidhlig cosnadh ann an deich buidhnean Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar rè deich seachdainean san t-samhradh. Fhuair na h-oileanaich cothrom an sgilean Gàidhlig a leasachadh agus aig an aon àm a' faighinn eòlas air a bhith ag obair ann an àrainneachd obrach phroifeasanta.</p> |
| | <p>It was agreed to recommend that the Report be noted.</p> | | <p>Chaidh aontachadh moladh an Aithisg a thoirt fairear.</p> |